



Mata Mòr anns a' phàirc



Dee Reid • Gwyneth Williamson



Seo Mata Mòr.

'S e fuamhaire a th' ann.

Tha e a' fuireach ann an taigh mòr
le uinneagan mòra agus doras mòr.


Aon là chaidh Mata Mòr dhan phàirc.

Chunnaic e dreallagan anns a' phàirc.

“Am faod mise cluich?” thuirt Mata Mòr.

Choimhead a' chlann air Mata Mòr agus
thuirt iad,






Tha thu ro mhòr

An uair sin chunnaic Mata Mòr sleamhnag.

“Am faod mise cluich?” thuirt e.

Choimhead a’ chlann air Mata Mòr
agus thuirt iad,



Tha thu ro mhòr



An uair sin chunnaic Mata Mòr cuairtealan.

“Am faod mise cluich?” thuirt e.

Choimhead a’ chlann air Mata Mòr agus
thuirt iad,





Tha thu ro mhòr

Bha Mata Mòr brònach.

“Càite an cluich mi?” thuirt e.

Choimhead a’ chlann air Mata Mòr.

Choimhead iad air a’ chaisteal-bocadaich.

Bha an caisteal-bocadaich mòr.

“Trobadh agus cluich air a’ chaisteal-bocadaich,” thuirt iad.

Thuirt Mata Mòr,

**Glè
mhath**

